

## Comhairle na Gàidhealtachd

Geàrr-chunntas coinneamh **Comataidh na Gàidhlig** a chumadh ann an Seòmar na Comhairle, Prìomh Oifis na Comhairle, Rathad Ghlinn Urchadain, Inbhir Nis, air Diciadain, 20 Samhain 2024 aig 10.30m.

### An làthair:

Mgr I MacIlleDhuinn	Mgr P Logue
A' Bh-uas I Chaimbeul (air astar)	Mgr A Mac an Tòisich
A' Bh-uas S Fanet	Mgr S MacIlleBhrath (air astar)
Mgr I Grafton	Mgr D Mac a' Mhuilleir (air astar)
Dr M Gregson	Mgr C Rothach
Mgr S Ceannadach (ball-ionaid)	Mgr R Stiùbhart

### Neo-Bhuill an làthair:

Dr C Birt  
Mgr I MacFhionnlaigh  
Mgr U MacAoidh (air astar)

### A' frithealadh na coinneimh:

A' Bh-uas K Lackie, Iar-Àrd-Oifigear – Daoine  
A' Bh-uas A Jansson, Manaidsear Foghlaim agus Ionnsachaidh Sgìreil  
A' Bh-uas L Walker, Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig  
A' Bh-uas M A NicLeòid Mitchell, Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig  
A' Bh-uas E Rodgers, Oifigear Poileasaidh Gàidhlig  
A' Bh-uas J NicDhòmhnaill, Prìomh Oifigear Eadar-theangachaidh  
Mgr I Jackson, Oifigear Foghlaim  
A' Bh-uas S NicAsgaill, Ceannard, Bun-Sgoil Inbhir Pheofharain  
A' Bh-uas S Nicllinnein, Manaidsear Cho-Sheirbheisean Deamocratach  
A' Bh-uas G Nic a' Phearsain, Oifigear Comataidh

### Cuideachd an làthair:

Mgr S Thoumire, Stiùiriche Cruthachail Hands Up for Trad  
Mgr S Walsh, Àrd-Oifigear, High Life na Gàidhealtachd

**Tha rionnag air iomall na duilleige a' comharrachadh moladh a thèid chun na Comhairle. Tha co-dhùnайдhean gun chomharra fo ùghdarris na Comataidh.**

**Mgr C Rothach anns a' Chathair**

### Gnothach

#### 1. Gairm a' Chlàir agus Leisgeulan

Ghabhadh leisgeul às leth Mhgr R Bremner agus na M-uas M NicPheadrais.

#### 2. Foillseachaidhean Com-pàirt/Aithris Fhollaiseachd

**THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan Aithris Fhollaiseachd a leanas:-

### 3. Naidheachdan Matha

**Aithris Fhollaiseachd:** dh'fhoillsich Mgr C Rothach Aithris Fhollaiseachd a thaobh an nì seo, seach gun robh ball-teaghlaich dlùth air pàirt a ghabhail ann an turas cultarach Àrd-Sgoil Phort Rìgh gu Èirinn a Tuath agus bha e fhèin air a bhith ann mar inbheach cunntasach. Ach, às dèidh dha an deuchainn a chur an gniomh, cho-dhùin e nach robh com-pàirt aige ri fhoillseachadh.

**THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dha na naidheachdan matha a chaidh a thaisbeanadh.

### 4. Cunntas às Ùr mu Foghlam Gàidhlig

Chuitaicheadh Aithisg Àir. G/14/24 leis an lar-Àrd-Oifigear – Daoine, an cois taisbeanadh leis a' Bh-uas Sara NicAsgaill, Ceannard, Bun-Sgoil Inbhir Pheofharain. Dh'innis a' Bh-uas NicAsgaill mu shlighe Bun-Sgoil Inbhir Pheofharain ann am Foghlam tron Ghàidhlig agus an t-adhbhar a bha i cho dealasach mu bhith a' putadh na Gàidhlig air adhart agus a' toirt seachad deagh ethos is cultar Gàidhlig san sgoil. Bha sgoilearan còmhla ris a' Bh-uas NicAsgaill gus mineachadh do Bhuill na bha a' Ghàidhlig a' ciallachadh dhaibhsan.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingean a leanas a thogail:-

- bha Bun-Sgoil Inbhir Pheofharain air a' choimhairsnachd, an luchd-obrach agus na sgoilearan a chom-pàirteachadh tro bhith a' togail dòigh-obrach sgoile iomlain a thaobh na Gàidhlig. Cha bu chòir dhan a seo a bhith àraig agus bu chòir seo tomhas-measaидh a thoirt seachad do chàch airson a leantainn;
- bha a' Bh-uas NicAsgaill airidh air moladh agus sheall an taisbeanadh aice na bha i air a choileanadh aig Bun-Sgoil Inbhir Pheofharain. Sheall seo na dh'fhaodadh a bhith air a choileanadh le deòin is dìcheall;
- chaidh moladh a dhèanamh air iomairt a' Chafaidh Ghàidhlig, far am b' urrainn do dhaoine coinneachadh, geamaichean-bùird a chluiche agus èisteachd ri luchd-ciùil;
- bu chòir an dòigh-obrach stèidhichte air Còraichean a bhrosnachadh; agus
- bha buannachdan foghlaim agus cognatach an lùib a bhith a' toirt na Gàidhlig a-steach do bhun-sgoiltean.

**THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR**:-

- i. do shusbaint na h-aithisge; agus
- ii. dhan obair leasachaidh leantainneach a thathar a' dèanamh gu ruige a bhith a' solarachadh cothrom air foghlam Gàidhlig ann an àrd-sgoiltean tro ionnsachadh didseatach.

### 5. Na Trads agus MG Alba – Taisbeanadh

Chaidh foir-shealladh a thoirt do Bhuill mu Dhuaisean Ceòl Traidiseanta na h-Alba no Na Trads, a bha gu bhith air an cumail air Disathairne 30 Samhain aig Ionad-Spòrs Inbhir Nis.

Thug Mgr Thoumire taing do dh'oifigearan is do Bhuill Chomataidh na Gàidhlig airson an cuid obrach, a' toirt aithne dhan chom-pàirteachas cho-obrachail làidir a

bha air a stèidheachadh eadar Comhairle na Gaidhealtachd, High Life na Gàidhealtachd agus Hands Up for Trad. Chuir e fàilte cuideachd air an taic bho Mhaoin Math Coitcheann Inbhir Nis, Maoin Soirbheas Co-roinnta na RA agus High Life na Gàidhealtachd.

Bha Na Trads a' ruigsinn luchd-èisteachd eadar-nàiseanta agus bha an dàrna leth dhen chuirm gu bhith air a craoladh beò air MG Alba.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingean a leanas a thogail:-

- b' e priomh àiteachan cultarach a bh' ann an Inbhir Nis agus sa Ghearsdan agus bha Buill a' coimhead air adhart ris na duaisean ann an Inbhir Nis am-bliadhna;
- leis gun robh aitreabhan ionadail air a bhith fo chunnart ann an iomadh àite, Inbhir Nis nam measg, bhathar an dùil gun robh an roinn a' coileanadh gu math;
- chaidh faighneachd co-dhiù a bha ceangal aig Hands Up for Trad le gin dhen luchd-ciùil ionadail a bha air cluiche aig Under Canvas aig Cùirt an Easbaig, agus chaidh dearbhadh gun robh;
- chaidh fiosrachadh a shireadh, agus fhaotainn, ma na buannachdan do na coimhearsnachdan as fharsainge, gu h-àraid buannachdan eaonamach agus dileab nan duaisean. Chaidh faighneachd co-dhiù a bha fiosrachadh, a leithid leasain air an ionnsachadh, air a cho-roinn le buidhnean eile, gus a' chuid as fheàrr a dhèanamh de bhuannachdan do na coimhearsnachdan san fharsaingeachd, agus chaidh innse gum biodh Hands Up for Trad a' co-roinn ionnsachadh leis a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail; agus
- a thaobh com-pàirteachadh agus cliù an tachartais, bha na mìltean de bhòtaichean air tighinn a-steach bho air feadh an t-saoghal airson nan daoine is nam buidhnean ainmichte. Bha seo aig an aon ìre ris an-uiridh agus bha an tachartas a' toirt àrd-ùrlar do dhaoine, ceòl is cultar, agus dhan cànan fhèin.

**THUG a' Chomataidh FA-NEAR dhan taisbeanadh.**

## 6. Adhartas mu choinneimh Plana na Gàidhlig 4

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/15/24 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

A thaobh Bile nan Cànan Albannach, chaidh faighneachd co-dhiù a bhiodh e iomchaidh gun deigheadh beachdachadh air Inbhir Nis mar aon de na sgìrean priomhachais, a bharrachd air na sgìrean as traidsante, gus oifigear leasachaidh agus taic bhon mheadhan fhaotainn. Às dèidh sin, chaidh moladh gun dèanadh oifigearan rannsachadh gus freagairt a chur chun an Leas-Phriomh-Mhinistear fhad 's a bha Riaghaltas na h-Alba ag ullachadh atharrachaidhean dhan Bheile, agus chaidh dearbhadh gun robh Comhairle na Gàidhealtachd air freagairt a thilleadh mar-thà. Bha an fhreagairt air innse gun robhar a' faireachdainn gun robh cion soilleireachd ann mu bhith ag ainmeachadh nan sgìrean priomhachais cànanach. Bhathar cuideachd dhen bheachd gum biodh sgìrean aig gach Ball a bhiodh iad a' faireachdainn a bha nam priomhachas.

**THUG a' Chomataidh FA-NEAR:-**

- i. dhan aithisg; agus
- ii. dhan adhartas a thathar air a dhèanamh a thaobh amasan seirbheis corporra Plana na Gàidhlig, mar a thathar a' mìneachadh ann an earrainn 6.

## **7. Co-labhairt na Gàidhlig**

Chartaicheadh Aithisg Àir. G/16/24 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingean a leanas a thogail:-

- bhathar an dòchas gum biodh eadar-theangachadh mar-aon air a thoirt seachad;
- bhathar an dòchas gun deigheadh brosnachadh a thoirt do ghnothachasan ionadail com-pàirt a ghabhail; agus
- bha a' cho-labhairt a' tabhann sàr chothrom gus sgrùdadh a dhèanamh air na cothroman eaonamach is obrach a dh'fhaodadh a bhith ann.

**THUG a' Chomataidh FA-NEAR:-**

- i. dhan fhoir-sealladh air Co-labhairt na Gàidhlig; agus
- ii. do mar a dh'fhaodadh na h-aithisgean rannsachaidd buaidh a thoirt air meud-comais Co-labhairt na Gàidhlig agus na ceanglaichean gu cuspair Gníomhachais agus an Eaconamaidh ann am Plana na Gàidhlig.

## **8. Maoin nam Planaichean Gàidhlig – Bòrd na Gàidhlig**

Chartaicheadh Aithisg Àir. G/17/24 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingean a leanas a thogail:-

- bha a' Ghàidhlig ann an Loch Àlainn a' soirbheachadh agus air cothroman a thoirt chun na coimhearsnachd. Ach, ma bha seo a' dol a leantainn, bhiodh feum air seirbheisean eile, agus chaidh taigheadas sa Mhorbhairne ainmeachadh mar eisimpleir;
- bha neach-obrach taic phàisteán Gàidhlig gu bhith air fhastadh ann an Loch Abar, agus bhathar an dòchas gum b' urrainnear togail air a seo agus barrachd dhaoine a chom-pàirteachadh; agus
- a thaobh na buidhne Beurla ann an Drochaid Ruaidh, chaidh dearbhadh iarraidh, agus fhaotainn, gur e buidheann phàrant is phàiste a bha seo.

**THUG a' Chomataidh FA-NEAR:-**

- i. dhan aithisg; agus
- ii. do thaic Thràth-bhliadhnaichean Gàidhlig (0-3) airson na Gàidhealtachd.

Chrìochnaich a' choinneamh aig 12.10f.